

## Leanabh Cloiche

### Taisbeanadh le Mhàiri Corr

Tha An Lanntair an-dràsta a' sealltainn *Leanabh Cloiche*, taisbeanadh de dh'obair-shnaighte a chaidh a dhèanamh le Mhàiri Corr.

Tha am paca seo airson a' ghaileiridh air a dhèanamh gus a bhith an cois an taisbeanaidh agus tha gnìomhan agus obair ann a dh'fhaodadh gum biodh tu airson a dhèanamh leis a' chlas agad. Far a bheil e comasach, gabh fhèin pàirt sa ghnìomh agus leig leis na sgoilearan faicinn mar a tha thu a' dol an sàs sna gnìomhan. Is e luchd-ionnsachaidh a tha annainn air fad.

Tha sinn an dòchas gun cuidich na gnìomhan sin thu fhèin agus na sgoilearan agad ann a bhith a' coimhead ris an obair-shnaighte a rinn Mhàiri agus a bhith a' beachdachadh mun deidhinn.

Tha An Lanntair toilichte a bhith a' toirt stuth dhan sgoil agaibh ma tha feum agaibh air.

#### **Expressive Arts**

I have the opportunity to choose and explore a range of media and technologies to create images and objects, discovering their effects and suitability for specific tasks. **EXA 1-02a**

I have the opportunity to choose and explore an extended range of media and technologies to create images and objects, comparing and combining them for specific tasks. **EXA 2-02a**

Inspired by a range of stimuli, I can express and communicate my ideas, thoughts and feelings through activities within art and design. **EXA 1-05a / EXA 2-05a**

I can respond to the work of artists and designers by discussing my thoughts and feelings. I can give and accept constructive comment on my own and others' work. **EXA 1-07a / EXA 2-07a**

Inspired by a range of stimuli, I can express and communicate my ideas, thoughts and feelings through drama. **EXA 1-13a / EXA 2-13a**

#### **Health and Wellbeing : Mental and emotional wellbeing**

I know that we all experience a variety of thoughts and emotions that affect how we feel and behave and I am learning ways of managing them. **HWB 1-02a / HWB 2-02a**

I understand that my feelings and reactions can change depending upon what is happening within and around me. This helps me to understand my own behaviour and the way others behave. **HWB 1-04a / HWB 2-04a**

I understand that people can feel alone and can be misunderstood and left out by others. I am learning how to give appropriate support. **HWB 1-08a / HWB 2-08a**

#### **Literacy : Listening and Talking**

When I engage with others, I know when and how to listen, when to talk, how much to say, when to ask questions and how to respond with respect. **LIT 1-02a**

## Stone child - Schools resource pack

When I engage with others, I can respond in ways appropriate to my role, show that I value others' contributions and use these to build on thinking. **LIT 2-02a**

### Literacy : Writing

I can describe and share my experiences and how they made me feel. **ENG 1-30a / GAI 1-30a**

As I write for different purposes and readers, I can describe and share my experiences, expressing what they made me think about and how they made me feel. **ENG 2-30a / GAI 2-30a**

### Religious and Moral education

I can show my understanding of values such as caring, sharing, fairness, equality and love. **RME 1-09b**

I can explain why different people think that values such as honesty, respect and compassion are important, and I show respect for others. **RME 2-09c**

### Beachd farsaing mun taisbeanadh

- Tha obair-shnaighte Mhàiri air an dèanamh le bhith a' cleachdadh frèam fiodha agus uèir agus ga chòmhdach le criadh shònraichte a bhios i a' dèanamh. Bidh i a' cleachdadh pàipear-naidheachd, min-sàibh, glaodh, post-truilleis agus stuth-sguapaidh a chaidh a thogail on làr!

An uair a bhios iad air tiormachadh, bidh Mhàiri uaireannan gam peantadh.

Bidh Mhàiri a' cleachdadh a h-eanchainn an uair a bhios i ag obair orra – a' beachdachadh air pearsachan na cloinne cloiche an uair a bhios i an sàs, seach a bhith a' dèanamh obair planaidh no a bhith a' meòrachadh ro làimh.

Tha pearsachan na cloinne cloiche a' tighinn troimhe an uair a bhios i gan dèanamh.

Tha Mhàiri ag ràdh "Ged a tha mòran teacs na lùib, chan eil briathran aig a' Chloinn Chloiche. Tha an sàmhchair a' ciallachadh gum faod gach neach am mìneachadh aca fhèin a thoirt às. Tha fios aig a' chloinn air tòrr a bharrachd nas urrainn dhaibh a ràdh. Le bhith a' cur tìde seachad còmhla riutha agus le bhith foighidneach bidh e comasach dhuinn an sgeulachdan a bhreithneachadh. Is e na caractaran agus na dùbhlain aca a bhios na thoiseach tòiseachaidh dhuinn a thaobh nan nithean a leanas".

Stone child - Schools resource pack  
Obair-shnaighte fhigearail

Sa ghnìomh seo tha sinn a' tairgse cothrom do na sgoilearan obair-shnaighte fhigearail a dhèanamh. Tha grunnan roghainnean ann a thaobh stuthan a dh'fhaodar a chleachdadh bho phàipear-machè gu seòrsa de chriadh a ghabhas a dhèanamh aig an taigh no dìreach a bhith a' cleachdadh plastasain. Dh'fhaodadh seo a bhith air a dhèanamh thairis air grunnan leasan no dìreach mar aon ghnìomh.

Gnìomh

Tòisich le bhith a' coimhead ris an obair-shnaighte a rinn Mhàiri san taisbeanadh air-loidhne.


Airson obair-shnaighte pàipear-machè feumar – pàipear-naidheachd, glaodh pàipear-balla, teip-masgaidh, uèir, siosar.

Tòisich le bhith a' dèanamh cumadh le uèir ris an canar 'armature' a bhios a' toirt taic on taobh a-staigh don obair-shnaighte.

1. Faigh pìos uèir a ghabhas a lùbadh. (Cuir glaodh air na cinn ma tha iad biorach).



2. Paisg a' uèir a' fàgail lùb sa mheadhan. Cùm grèim air a' uèir agus toinn e dhà no trì thurais. (Is e seo an ceann)




3. Paisg cairteal de gach pìos uèir, a' fàgail lùb faisg air an fhilleadh. Cùm grèim air an lùb agus cuir car dheth gus a bheil am pìos a chaidh a phasgadh mar chuairteag. Dèan an t-aon rud air an taobh eile. (Seo na gairdeanan)

4. Fàg mu òirleach airson a' bhroilleach agus dèan dà lùb airson a' mheadhan. Cuir cumadh eile ris airson nan cruachainnean agus cuir car dheth a-rithist.



5. Paisg gach pìos uèir a tha air fhàgail na dhà leth a' fàgail lùb, agus an uair sin cuir car dheth gus am bi a' chas air fad air a toinneimh. Dèan an t-aon ni airson na coise eile.

Tagh cruth airson an neach a rinn thu.



An uair sin, cuir na casan air pìos cairt-bhòrd tiugh gus an seas e suas.

An uair sin cuir pàipear timcheall air agus cuir teip-masgaidh air gus am bi an corp nas tiughe.

Cuir a-nis pàipear-machè mun cuairt air (ann an striopan le glaodh pàipear-balla air neo dèan a' chriadh pàipear-machè agad fhèin).

Fàg e gus an tiormaich e mus peant thu e.

## Stone child - Schools resource pack

Ma tha thu airson tomhais agus cothromachadh a dhèanamh mar phàirt den ghnìomh agad faodaidh na sgoilearan a bhith an sàs ann a bhith a' dèanamh a' phàipeir-machè. Dh'fhaodadh sin a bhith air a chur air a' chumadh-uèir agus tiormaichidh e agus fàsaidh e cruaidh.

Gheibh sibh reasabaidh ann an seo - <https://www.instructables.com/Paper-Mache-Clay-Recipe/>

Faodaidh tu obair-shnaighte a dhèanamh gu luath le plastasain le no à aonais 'armature' na bhroinn.

### *Ceistean:*

Dè a' chiad rud mothaicheas tu an uair a choimheadas tu air an obair-shnaighte. Dè na cumaidhean a tha orra? A bheil iad a' coimhead mar gum biodh iad ann an da-rìribh? Carson?

Dè a tha thu a' mothachadh an uair a choimheadas tu air na h-aodainn aca? Dè na cumaidhean a tha air na h-aodainn againn?

Smaoinich air an cumadh a bu chaomh leat a bhith air an neach agad-sa – canar 'deas-chruth' ri seo. A bheil iad a' ruith, a' suidhe no a' seasamh.

An uair a bhios Mhàiri a' cruthachadh obair-shnaighte bidh cuideigin a' tighinn a-steach orra. Bidh i a' faireachdainn mar gum biodh am pearsa a' tighinn troimhe an uair a bhios i gan cruthachadh.

Can ris na sgoilearan ceist a chur orra fhèin mu cò an neach a tha san obair-shnaighte aca agus mu na faireachdainnean a tha aig an neach sin an uair a tha iad gan cruthachadh.

### *Mothaich:*

Tha Mhàiri air mòran phìosan obair-shnaighte a dhèanamh de dhaoine – cumadh a chithear mun cuairt ort.

Bidh Mhàiri a' dèanamh obair-shnaighte de chlann agus uaireannan bidh i gam peantadh.

Cuir an cuimhne na cloinne nach leig iad a leas uallach a bhith orra mu cò ris a bhios an obair-shnaighte aca coltach – feuch gum bi na faireachdainnean aca air am faicinn air an taobh a-muigh mar a tha feadhainn Mhàiri.

A bheil iad air am brosnachadh no sgìth? Thoir air a' chloinn smaoinichadh mun dòigh sam bi sinn a' sealltainn mar a tha sinn a' faireachdainn a rèir an dòigh sam bi sinn nar seasamh no nar suidhe. Faodaidh sinn ar n-obair-shnaighte atharrachadh a rèir nan suidheachaidhean san cuir sinn iad.

Ma pheantas tu an obair-shnaighte faodaidh tu cuideachd bruidhinn mu 'dath' – ciamar a bhiodh sinn a' faireachdainn nam biodh sinn a' coimhead ri obair-shnaighte Mhàiri agus gum biodh iad làn dath? Am biodh iad na b' èibhinn? Na bu bhrònaich? Na bu chàirdeil? Dè a tha sin ag innse dhuinn? Tha gu faod dath atharrachadh a thoirt air an dòigh sam bi sinn a' coimhead air rudan agus air na faireachdainnean againn.

A bheil dath sam bith ann a bhios a' toirt oirnn a bhith a' faireachdainn toilichte no brònach? Is dòcha gum bi buaidh eadar-dhealaichte aig an aon dath air daoine diofraichte. Tha sin ceart gu leòr.

Sgrìobhadh cruthachail

Leis an obair seo tha sinn a' toirt a' chothruim dhan chloinn choimhead ri obair ealain Mhàiri agus beachdachadh air. Tha an obair-shnaighte den chloinn air fad a' coimhead brònach, mì-thoilichte no feargach. Tha dòighean diofraichte ann airson a bhith a' faicinn agus a' mìneachadh nam beachdan sin. Tha an gnìomh seo a' toirt cothrom bruidhinn mu dheidhinn seo.

Stuthan a dh'fheumar

Pàipear agus peansailean no dèan lethbhreac den bhileag air an ath dhuilleag.

Gnìomh

Tòisich le bhith a' sealltainn dhan chlas obair-shnaighte Mhàiri a tha air a thaisbeanadh air-loidhne.

Iarr air na sgoilearan aon phìos no grunnan phìosan de dh'obair-shnaighte Mhàiri a thaghadh agus sgrìobhadh mun deidhinn. Faodaidh iad a bhith ag obair ann am buidhnean beaga, nan càraidean no nan aonar.

*Ceistean:*

Thoir sùil air an obair-shnaighte den chloinn agus tagh aon no dhà airson sgrìobhadh mun deidhinn. Tagh ainm air an son agus sgrìobh iad ann an seo:

Cò ris a tha iad coltach?

Dè a tha thu a' smaoinichadh is toigh leotha a bhith a' dèanamh?

An urrainn dhut innse ciamar a tha iad a' faireachdainn bhon dòigh bhon choltas aca?

Dè a dhèanadh tu nan coinnicheadh iad riut ann am pàirc na sgoile? Dè a chanadh iad riut no a dh'innseadh iad dhut?

Sgrìobh beagan seantansan mun rud a thachradh nan toireadh tu iad dhachaigh leat.

*Sgrùdaidhean:*

Thoir tìde dhan chloinn na ceistean a fhreagairt – ma bhios cuid aca deiseil ro chàch, faodaidh iad dealbh a dhèanamh mu bhith a' toirt an leanaibh cloiche dhachaigh.

Thèid timcheall a' chlas agus iarr air na sgoilearan sgeulachdan an Leanaibh Cloiche innse. Dè an t-ainm a thug iad orra agus dè is urrainn dhaibh innse mun deidhinn? Dè an seòrsa neach a tha annta?

Faigh a-mach an do thagh sgoilear sam bith eile an t-aon phìos obair-shnaighte agus ma thagh dè an sgeulachd a bha aca-san.

Is urrainn dhut uile coimhead ris an t-aon neach agus beachd eadar-dhealaichte a bhith againn mun deidhinn. Chan eil beachd ceart no ceàrr. Tha a luach fhèin annta uile.

*An Leanabh Cloiche*, bileag-gnìomh sgoileir airson sgrìobhadh cruthachail

AINM

Coimhead air an obair-snaighte de chlann agus tagh aon no dhà gus an sgrìobh thu mun deidhinn. Tagh ainmean air an son agus sgrìobh na h-ainmean an seo:

Cò ris a tha iad coltach?

Dè a tha thu a' smaoinichadh is toigh leotha a bhith a' dèanamh?

An urrainn dhut innse ciamar a tha iad a' faireachdainn bho mar a tha iad a' coimhead?

Dè a dhèanadh tu nan coinnicheadh iad riut ann am pàirc na sgoile? Dè a chanadh iad riut no a dh'innseadh iad dhut?

Sgrìobh sgeulachd mun rud a thachradh nan toireadh tu iad dhachaigh:

This task encourages pupils to move, expressive body awareness, to think and talk about feelings and other people's perspectives.

Tha an gnìomh seo a' misneachadh nan sgoilearan a bhith a' gluasad, a bhith mothachail air an cuirp, a bhith a' smaoinichadh agus a' bruidhinn mu fhaireachdainnean agus air beachdan dhaoine eile.

### Stuthan a dh'fheumar

Àite airson gluasad.

### Gnìomh

Obraich tro na molaidhean agus na ceistean a leanas còmhla ris na sgoilearan:

Tòisich le bhith a' coimhead mar bhuidheann ri obair-shnaighte Mhàiri san taisbeanadh air-loidhne. Thug i mar ainm orra 'a' chlann cloiche'. Tha sinn a' dol a rannsachadh cò ris a tha e coltach a bhith mar aon den obair-shnaighte sin a rinn Mhàiri.

Tòisich le bhith a' gluasad a-steach agus tagh obair-shnaighte. An urrainn dhut d' aodann a dhèanamh coltach ris an aodann aca-san? Tha an dòigh a bhios tu a' gluasad agus cumadh d' aodann air aithneachadh mar 'coltas'.

Ghluais gu àite eile agus tagh obair-shnaighte eile agus seas san aon dòigh ris an leanabh cloiche sin. Canar 'riochd' ris an dòigh sa bheil iad nan seasamh. Mothaich mar a tha na làmhnan aca air an cumail no cumadh an cuirp.

A-nis gabhaibh cuairt mu seach gus fear a thaghadh agus seasamh san aon 'riochd' agus an t-aon 'choltas' a bhith air d' aodann. A-nis SEAS GUN GHLUASAD mar obair-shnaighte agus faic an tomhais duine sam bith eile dè an obair-shnaighte a tha annad.

Cò ris a bha e coltach a bhith mar an obair-shnaighte sin – an tug e ort gàire a dhèanamh? Air neo an tug e ort a bhith a' faireachdainn rudeigin fiadhaich no brònach?

Tha a h-uile aon de dh'obair-shnaighte Mhàiri a' choimhead rudeigin brònach – tha cuid a' choimhead brònach, cuid gearaineach no air chall.

Dè a b' urrainn dhuinn a dhèanamh airson an cuideachadh? Dè a bhios a' toirt togail dhut-sa an uair a bhios tu a' faireachdainn brònach? Freagraibh aon mu seach.

Mothaich gu bheil a' mhòr chuid den chloinn nan seasamh ann am buidhnean, còmhla ri obair-shnaighte eile. Ag obair nur càraidean tagh buidheann beag de dh'obair-shnaighte gus sealltainn riutha. Cuidich do chom-pàirtiche gus a bhith san t-aon riochd leis an t-aon choltas.

A bheil thu dhan bheachd gu bheil coltas deagh charaidean air na h-obraichean-snaighte sin? A bheil iad coibhneil agus a' coimhead às dèidh a chèile?

Dè a tha a' dèanamh deagh charaid?

Tha e intinneach a bhith a' mothachadh gum faicear air an taobh a-muigh uaireannan mar a tha sinn a' faireachdainn air an taobh a-staigh.

Ciamar a sheallas tu air an taobh a-muigh gu bheil thu:

Air bhioran?

Làn eagal?

Toilichte?

Brònach?

A bheil thu dhan bheachd gu bheil obair-shnaighte Mhairi a' sealltainn air an taobh a-muigh cuid de na faireachdainnean a tha air an taobh a-staigh?

Obair-buidhne: Tha an gnìomh a-nis air a leudachadh gu bhith na obair-buidhne far a bheil dàrna leth nan sgoilearan a' gabhail thuca fhèin pearsa an leanabh a tha san obair-shnaighte cloiche agus a' seasamh gun ghluasad ach le cothrom còmhradh. Is urrainn dha na sgoilearan eile gluasad mun cuairt agus a bhith a' bruidhinn ris a' chlann a tha mar obair-shnaighte.

Dèanaibh suap a-nis.

Thoir air na sgoilearan a tha nan clann cloiche cuimseachadh air na coltasan a tha air aodainn nan obair-shnaighte agus mar a tha lipean a tha teann ri chèile ag atharrachadh an dòigh sa bheil thu a' bruidhinn no mar a tha cumadh do ghuailnean ag atharrachadh an dòigh sa bheil thu nad sheasamh.

Gus an gnìomh a thoirt gu ceann iarr air na sgoilearan sealltainn dhut nì a tha calg-dhìreach an aghaidh seo. Mar sin iarr orra 'an greann a chur bun-os-cionn agus do riochd agus do choltas a bhith mar chlann dhòigheil, làn spòrs agus gàire a-rithist!

A-rithist, bidh dàrna leth nan sgoilearan mar chumaidhean agus cha bhi iad a' gluasad ach an uair a bhios iad a' còmhradh agus bidh an leth eile a' gluasad tromhpa agus a' coinneachadh riutha.

Dèanaibh suap a-nis.

Thoir tìde dha na sgoilearan coiseachd mun cuairt gus am fairich iad cò ris a tha e coltach a bhith air an cuairteachadh leis na cumaidhean dòigheil, toilichte sin.

### *Sgrùdaidhean*

Tha e math gur e obair-ealain a tha sna cumaidhean beaga, èibhinn sin agus nach e gaileiridh làn chloinne a tha ann.

Bidh a h-uile duine a' faireachdainn brònach bho àm gu àm – ma thuiteas tu agus gum buail thu do ghlùn no mur a faigh thu rudeigin a tha thu ag iarraidh no ma tha cuideigin mosach riut, is iad sin cuid de na nithean a bheir air daoine a bhith a' faireachdainn brònach.

Tha e na chuideachadh a bhith a' bruidhinn mu na faireachdainnean agad agus cuideigin a bhith ann a dh'èisteach riut agus a ghabhas cùram air do shon.

Aig amannan is fheàrrde duine gàire!

Tha dòighean diofraichte againn a thaobh a bhith a' dèiligeadh ri ar faireachdainn air an taobh a-staigh agus a-muigh.

Tha e ceart gu leòr sinn uile a bhith diofraichte – tha sin a' ciallachadh gu bheil sinn spèisealta.